

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 524. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 220 corresponds to Litir 524.

Tha mi air a bhith ag innse dhuibh an t-seann stòiridh *Iain Dubh Leòdhasach, an Seòladair*. Tha mi a’ dol ga thoirt gu crìch an-diugh. Bidh cuimhne agaibh gun do thogadh Iain Dubh ann an Steòrnabhagh ach gun do dh’fhalbh e air long fad còig bliadhna airson seòladaireachd ionnsachadh. Chaidh a chur gu muir ann an ràth ach lorg e tìr agus chaidh e an sàs le trì robairean.

Shàbhail e beatha nighean Rìgh na Spàinne. Theich iad bho thaigh nan robairean agus phòs iad. Air an rathad chuidich Iain triùir fhear aig bothan-àirigh. Bha iad air am murt leis na robairean ach cha robh an cinn leis na colainnean ceart. Chuir Iain an cinn san àite cheart agus gheall an triùir gum faigheadh e duais airson sin.

Bha ceannard cabhlach na Spàinne air nochdadh anns a’ phort san robh Iain agus a bhean a’ fuireach. Bha an ceannard ag iarraidh nighean an Rìgh a thoirt air ais do a h-athair – agus a pòsadh. Cha robh fios aig Iain no a bhean gun robh an ceannard air a h-aithneachadh.

Thug an ceannard cuireadh don dithis dhol a-mach a choimhead air an luing. Ghabh iad ris a’ chuireadh. Ach nuair a bha iad air bòrd, chaidh na siùil an àirde, agus dh’fhalbh an long. Nuair a bha an long a-mach à sealladh na tìre, dh’fhàgadh Iain Dubh bochd aig muir leis fhèin ann am bàta beag gun ràmh ’s gun seòl.

Bha Iain ann an cruaidh-chàs. Bha e brònach fad an latha. Ach, aig ciaradh an fheasgair, mhothaich e do rudeigin a thug misneachd dha. Bha am bàta **a’ cumail a toisich anns an aon àird, agus falbh math oirre**.

An uair sin, chunnaic Iain botal deoch làidir ann an toiseach a’ bhàta. Ghabh e deoch às agus thuit e na chadal. Nuair a dhùisg e an ath mhadainn, sheall e gach rathad, ach cha robh tìr sam bith anns an t-sealladh. Ge-tà, bha am bàta a’ falbh fhathast le sgrìob làidir agus a’ cumail a cinn san aon àird. Thug seo tuilleadh misneachd dha. Nuair a thàinig an dàrna oidhche, ghabh e deoch eile bhon bhotal agus thuit e na chadal.

Air an treas madainn, sheall e roimhe agus chunnaic e tìr fad às, agus am bàta a’ dèanamh dìreach oirre. Bha an **ròpa toisich** a-mach roimhpe, agus tarraing chruaidh air. Ach cò bha a’ tarraing a’ bhàta leis an ròpa? Cha robh càil a dh’fhios aig Iain. Bha e neònach dha-rìribh.

Nuair a ràinig am bàta an cladach, chaidh triùir fhear a-mach às an uisge roimhpe. Bha iad a’ tarraing an ròpa toisich. B’ iad sin an triùir dhaoine aig a’ bhothan-àirigh. Gheall iad aig an àm gun toireadh iad duais do dh’Iain. B’ e seo a dhuais.

Tharraing an triùir am bata gu bràigh a' chladaich, os cionn tiùrr na mara. Cho luath 's a chunnaic iad cas Iain air tìr, chaidh iad às an t-sealladh.

Faodar an còrr dhen sgeul innse ann am beagan fhaclan. Cha phòsadh nighean an Rìgh an ceannard gus am biodh gach saighdear is seòladair san rìoghachd air a dhol seachad fo uinneag a seòmair ann an caisteal a h-athar. Chaidh cha mhòr gach fear seachad air a h-uinneig agus cha robh sgeul air Iain Dubh Leòdhasach. Ach mu dheireadh, às dèidh dha dhol tro iomadh cruaidh-chàs, ràinig Iain an caisteal. Bha e air dheireadh air càch uile.

Gu fortanach, dh'aithnich nighean an Rìgh e. Phòs iad a-rithist agus, ma tha iad fhathast beò, tha mi an dùil gu bheil iad sona.

* * * * *

Faclan na Litreach: seòladaireachd: *seamanship*; cabhlach: *navy, fleet*; dh'fhàgadh: *was left*; cruaidh-chàs: *extreme predicament*; dh'aithnich: *recognised*.

Abairtean na Litreach: tha mi a' dol ga thoirt gu crìch: *I'm going to finish it*; chaidh a chur gu muir ann an ràth: *he was put to sea in a raft*; chaidh e an sàs le trì robairean: *he got involved with three robbers*; cha robh an cinn leis na colainnean ceart: *their heads weren't with the correct bodies*; gheall an triùir gum faigheadh e duais: *the three men promised that he would get a reward*; gun robh an ceannard air a h-aithneachadh: *that the commander had recognised her*; chaidh na siùil an àirde: *the sails went up*; a-mach à sealladh na tìre: *out of sight of land*; gun ràmh 's gun seòl: *without an oar or a sail*; mhothaich e do rudeigin a thug misneachd dha: *he noticed something that encouraged him*; a' falbh le sgrìob làidir: *moving at considerable speed*; fad às: *far away*; os cionn tiùrr na mara: *above the high tide mark*; chaidh iad às an t-sealladh: *they disappeared*; faodar an còrr dhen sgeul innse: *the rest of the story can be told*; cha phòsadh nighean an Rìgh: *the King's daughter wouldn't marry*; fo uinneag a seòmair ann an caisteal a h-athar: *under the window of her room in her father's castle*; air dheireadh air càch uile: *after every single other person*; tha mi an dùil gu bheil iad sona: *I reckon they're happy*.

Puing-chànain na Litreach: Bha am bàta a' cumail a toisich anns an aon àird: *the boat was keeping a constant heading (she was keeping her bow in the one direction). In a previous Litir I mentioned the use of toiseach for the front of something and it's worth reiterating it here (the genitive form is toisich – which is used here following the verbal noun a' cumail). The front seat of a car is a suidheachan toisich (to ask a child to sit in the front [of the car], you might say “suidh anns an toiseach” or “dèan suidhe ann an toiseach a' chàir”), the front legs of a ceithir-chasach (quadruped) are casan toisich (the rear legs are casan deiridh), and the bow of a boat is a toiseach. So the painter of a boat is a ròpa toisich or ball-toisich (literally “bow rope”) and the front thwart is a tobhta toisich.*

Gnathas-cainnt na Litreach: agus falbh math oirre: *with her making good headway.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA